

curraicealam airson sàr-mhathais:
ealain chruthachail
prionnsapalan agus cleachdadh

www.gaidhlig.ltscotland.org.uk



Ealain chruthachail

Prionnsapalan agus cleachdadh

Dè nì ionnsachadh anns na h-ealain chruthachail do chlann agus do dhaoine òga?

Tha brosnachadh agus cumhachd nan ealan cudromach ann a bhith ga dhèanamh comasach do chlann agus daoine òga an comasan cruthachail agus an sgilean ealain a thoirt air adhart.

Le bhith a' dol an sàs ann an obair ealain chruthachail, bheir clann agus daoine òga an aire do fhaireachdainnean de gach seòrsa, annta fhèin agus ann an daoine eile, agus cuiridh iad an cèill iad. Tha prìomh phàirt aig na h-ealain chruthachail ann a bhith a' cumadh ar mothachadh air cò sinn, ann an seadh pearsanta, sòisealta agus cultarach. Tha pàirt cudromach aig na h-ealain chruthachail cuideachd ann a bhith a' cuideachadh chloinne agus dhaoine òga gu bhith mothachail agus a' cur luach air cho ioma-chruthach agus beothail is a tha cultar, aig ìre ionadail agus nàiseanta agus air feadh an t-saoghail.

Tha ionnsachadh ann an, tro, agus mu, na h-ealain chruthachail a' toirt comas do chlann agus daoine òga:

- a bhith cruthachail agus rudan mun deidhinn fhèin a chur an cèill ann an diofar dhòighean
- tlachd fhaighinn, agus cur ri tlachd dhaoine eile, tro thachartasan agus thaisbeanaidhean cruthachail is faireachail
- sgilean cudromach a leasachadh, an dà chuid feadhainn a tha sònraichte do na h-ealain chruthachail agus feadhainn a ghabhas cleachdadh ann an suidheachaidhean eile
- a bhith a' fàs mothachail air luachan ealain agus cultarach, fèin-iomhaighean agus beachdan agus, airson cuid, a bhith ag ullachadh airson ionnsachadh aig àrd-ìre agus dreuchdan san àm ri teachd, tro bhith a' stèidheachadh bhunaitean airson sàr-mhathais anns na h-ealain chruthachail.

Togail a' Churraicealam 1 [air atharrachadh]

Tha na h-ealain chruthachail beairteach agus brosnachail, agus tha comas aca luchd-ionnsachaidh de gach aois, le caochladh ùidhean agus ìrean sgithe agus adhartais, a bheò-ghlacadh. Mar sin, tha e cudromach gum bi a h-uile neach-teagasg agus oideachaidh a' coimhead airson chothroman nan teagasg airson ionnsachadh eadar-chuspaireil a chur air adhart agus airson feum a dhèanamh de chompanaidhean ealain proifeiseanta, inbhich chruthachail agus de bhuidhnean cultarach.

Ciamar a tha frèam nan ealan chruthachail air a chur ri chèile?

Bheir eòlasan agus builean nan ealan chruthachail taic do luchd-obrach le planadh ghnìomhan ionnsachaidh agus teagasg a tha dùbhlach, brosnachail agus tlachdmhor. Tha na ciad aithrisean ceangailte gu dlùth ri na ceithir comasan agus faodar an cleachdadh airson cuideachadh le planadh ann an raon farsaing de ionnsachadh a bheir comas do ar daoine òga a bhith:

- **nan luchd-ionnsachaidh soirbheachail**, aig a bheil comas rudan mun deidhinn fhèin a chur an cèill, smaoinichadh ann an dòigh neo-àbhaisteach, aghaidh a chur air dùbhlain le misneachd agus mac-meanmna a chleachdadh ann am fuasgladh cheistean, agus cuideachd aig a bheil eòlas agus sgilean a' buntainn ri na diofar ealain agus ri sgilean nas fharsainge leithid cleachdadh teicneòlais
- **nan daoine misneachail**, a tha air fèin-mhothachadh, fèin-smachd, dealas, dùrachd agus misneachd fhaighinn a bhith a' tarraing air am beachdan fhèin, air am fèin-fhiosrachadh agus air am faireachdainnean agus tro chom-pàirteachas soirbheachail le daoine eile
- **nan saoranaich earbsach**, as urrainn cùisean moralta a rannsachadh, dèiligeadh ri ceistean pearsanta is sòisealta agus beachdan a ghabhail air rudan, a tha air tuigsinn agus eòlas a bharrachd fhaighinn air nàdar chultaran agus a tha a' tuigsinn cho cudromach 's a tha na h-ealain ann an cultar agus fèin-iomhaigh na h-Alba agus dhùthchannan eile
- **nan com-pàirtichean èifeachdach**, as urrainn an comas cruthachaidh a leasachadh agus a chur an cèill, as urrainn co-obrachadh le, agus conaltradh a dhèanamh ri, daoine eile, agus ann a bhith a' dèanamh sin a tha gan sealltainn fhèin misneachail agus earbsach, agus comasach air a bhith nan ceannardan agus air iomairtean a chur air chois.

Tha am frèam, mar sin, a' tòiseachadh le eòlasan agus builean airson taisbeanadh agus tachartasan thar nan ealan chruthachail, air an leantainn le eòlasan agus builean ann an:

- ealain agus dealbhadh
- dannsa
- dràma
- ceòl.

Tha am frèam seo a' toirt chothroman dhan chloinn agus do dhaoine òga a bhith cruthachail agus mac-meanmnach, a bhith a' faighinn brosnachadh agus tlachd agus a bhith a' toirt air adhart an sgilean anns gach aon de na roinnean sin. Tha a bhith ag obair còmhla ri daoine eile a' toirt comas dhan chloinn agus do dhaoine òga eòlas fhaighinn air cho inntinneach, tlachdmhor agus beothail is a tha e a bhith a' cur thaisbeanaidhean agus thachartasan fa chomhair diofar luchd-amais, agus a bhith nam pàirt den luchd-amais aig daoine eile.

Tha eòlasan agus builean bho gach aon de na loidhnichean leasachaidh an crochadh air a chèile agus bu chòir beachdachadh orra còmhla nuair a thathas a' planadh airson ionnsachadh.

Chan eil na h-eòlasan agus na builean a' cur chrìochan air an adhartas agus an leasachadh air am faodar amas. Tromhpa, gheibh luchd-ionnsachaidh uile, a' gabhail a-steach iadsan aig a bheil sgilean, comasan agus ùidhean sònraichte agus iadsan a dh'fheumas taic a bharrachd, cothroman a thaobh an ùidhean agus an sgilean a bheathachadh agus a thoirt air adhart.

Dè tha ann an ionnsachadh agus teagaisg èifeachdach anns na h-ealain chruthachail?

Tha am frèam eòlasan agus builean a' cuideachadh luchd-obrach airson feuman chloinne agus dhaoine òga a fhreagairt tro raon farsaing de ghnìomhan ionnsachaidh, a tha air am planadh gu cùramach agus aig astar freagarrach.

Ann an àrainneachd bheairteach, thaiceil, bidh luchd-teagaisg a' cleachdadh measgachadh sgìleil de dhòighean-teagaisg airson suidheachadh beothail is adhartach a chruthachadh, a' gabhail a-steach:

- a bhith a' gabhail làn-phàirt ann an obair chruthachail agus tachartasan
- gnìomhan no cothroman taisbeanaidh a tha a' cur feum air mac-meanmna
- cothroman gabhail pàirt ann an tachartasan ealain no taisbeanaidhean do luchd-amais
- obrachadh le cleasaichean no luchd-ealain phroifeasanta no luchd-ealain agus inbhich chruthachail eile
- togail mothachadh air cultar an latha an-diugh, ga cheangal ri fèin-fhiosrachadh dhaoine òga
- cleachdadh teicneòlais gu h-ìomchaidh agus gu h-èifeachdach
- togail air prionnsapalan Measadh airson Ionnsachadh
- ionnsachadh co-obrachail agus neo-eisimeileach
- ceanglaichean a stèidheachadh an taobh a-staigh chuspairean ealain chruthachail agus eadar iad agus an curraicealam san fharsaingeachd
- cothroman air sgrùdadh, rannsachadh agus beachdachadh.

Tha a' chuid as motha de ghnìomhan anns na h-ealain chruthachail a' gabhail a-steach a bhith a' cruthachadh agus a' taisbeanadh agus tha iad practaigeach agus a' gabhail a-steach feuchainn rudan a-mach. Tha luachadh agus measadh mar phàirt cudromach den phròiseas chruthachail agus tha iad co-cheangailte ri sgilean, eòlas agus tuigse a thoirt air adhart agus ri tlachd a mheudachadh.

Ciamar a thogas sinn air ionnsachadh ro-làimh chloinne agus dhaoine òga anns na h-ealain chruthachail?

Thig clann agus daoine òga gu an ionnsachadh anns na h-ealain chruthachail le raon de dhiofar sheòrsaichean agus ìrean eòlais a fhuair iad taobh a-staigh agus taobh a-muigh na sgoile. Bidh luchd-teagaisg a' planadh gnìomhan a bhios a' togail air air ionnsachadh ro-làimh, air an adhartas agus air na rudan sa bheil ùidh aca.

On ìre thràth chun na treas ìre, bidh clann agus daoine òga a' gabhail tlachd ann an gnìomhan a tha stèidhichte air cur an cèill bheachdan, smuaintean agus fhaireachdainnean tro bhith a' cleachdadh am mac-meanmna agus a bhith a' cur an cèill rudan mun deidhinn fhèin. Tha ceangal dìreach eadar toirt air adhart sgilean agus cothroman air taisbeanadh agus gabhail pàirt ann an tachartasan. Còmhla, tha na h-eòlasan agus builean sin bhon thràth-ìre chun na treas ìre a' riochdachadh foghlam farsaing coitcheann anns na h-ealain chruthachail don chloinn agus daoine òga uile. Le seo san amharc, tha am frèam aig an treas ìre a' gabhail a-steach an t-amas gun faigh gach

neach òg tlachd anns a' chothrom a bhith a' gabhail pàirt ann an taisbeanadh no tachartas poblach ann an ealain agus dealbhadh, dannsa, dràma no ceòl, mar cheann-uidhe sònraichte nam foghlam farsaing. San aon dòigh, tha cuid de bhuilean na treas ìre a' tarraing ionnsachadh bho dhà no trì loidhnichean leasachaidh le dàimh ri chèile còmhla ann an aon bhuil, mus gluaisear chun na cheathramh ìre.

Tha eòlasan agus builean na ceathramh ìre nam bunait airson ionnsachadh nas adhartaiche agus airson barrachd cothrom air doimhneachd, dùbhlàn, tlachd agus roghainnean pearsanta. Tha cothrom aig luchd-teagaisg caochladh riochdan de na h-eòlasan agus na builean sin a phlanadh agus a chur ri chèile, an taobh a-staigh de roinnean àraidh de na h-ealain chruthachail agus eadar iad, airson freagairt air feumalachdan eadar-dhealaichte nan daoine òga a tha a' roghnachadh a dhol air adhart seachad air an treas ìre. Tha adhartas aig a' cheathramh ìre air a dhealbhaidh airson a bhith faisg air an adhartas co-cheangailte ri ìre 4 de SCQF.

Aig gach ìre bidh clann agus daoine òga a' togail sgilean ùra agus a' daingneachadh na dh'ionnsaich iad ro-làimh. Tha cuid de na sgilean sin (leithid a bhith a' conaltradh, a' measadh agus a' stiùireadh dhaoine eile) a tha a' freagairt air na h-ealain uile fhad 's a tha feadhainn eile (leithid sgilean taisbeanaidh agus teicnigeach sònraichte) a' buntainn a-mhàin ri aon no còrr is aon dhiubh.

Tha dleastanas aig luchd-teagaisg dèanamh cinnteach gu bheil an fheadhainn aig a bheil sgilean, comasan agus ùidhean sònraichte ann an aon, no barrachd, de na h-ealain chruthachail, a' faighinn cothrom air gnìomhan ealain, a bheir an ionnsachadh air adhart nas luaithe, agus a bheir dùbhlàn is brosnachadh dhaibh. Bidh seo a' gabhail a-steach chothroman do chuid de luchd-ionnsachaidh sgilean agus comasan ionnsachaidh a leanas gu obair dhaibh ann an dreuchd chruthachail.

Cò ris a tha measadh coltach anns na h-ealain chruthachail?

Tha measadh anns na h-ealain chruthachail a' cuimseachadh air sgilean agus comasan chloinne agus dhaoine òga airson iad fhèin a chur an cèill tro chruthachadh, tro thaisbeanadh, tro mheasadh agus tro bhith a' faighinn tlachd anns na h-ealain. Bidh dòighean measaidh cuideachd a' gabhail a-steach cuideam air an comasan a thaobh am faireachdainn fhèin agus faireachdainn chàich aithneachadh, a thaisbeanadh agus a dheasbad.

Tha luchd-teagaisg a' tional dearbhadh air adhartas mar phàirt de dh'ionnsachadh làitheil chloinne agus dhaoine òga ann an ealain agus dealbhadh, dannsa, dràma agus ceòl. Bidh iad cuideachd a' dèanamh feum de gnìomhan measaidh sònraichte, ann a bhith a' measadh pàirt den ionnsachadh. Bho na tràth bhliadhnaichean chun nan àrd-ìrean, bidh clann agus daoine òga a' sealltainn an adhartais a tha iad a' dèanamh ann an leasachadh an sgilean le mar a bhios iad ag obair leotha fhèin agus feadhainn eile air gnìomhan cruthachail, a' gabhail a-steach, mar eisimpleir, taisbeanaidhean is tachartasan do dhaoine eile. Cuidichidh a bhith a' còmhradh ri luchd-ionnsachaidh, is a' beachdachadh air am freagairtean, luchd-teagaisg agus luchd-obrach le measadh phròiseasan cruthachail agus ealanta luchd-ionnsachaidh. Bidh dearbhadh air adhartas air a shealltainn cuideachd tro chomasan agus sgilean luchd-ionnsachaidh ann a bhith a' cur rudan an cèill ann an diofar dhòighean agus shuidheachaidhean, a bhith a' fuasgladh cheistean gu cruthachail agus a bhith a' dìon am beachdan air an obair fhèin agus obair chàich.

Bu chòir do dhòighean measaidh sealltainn na h-ìre gun urrainn clann agus daoine òga na sgilean sin a chur an sàs nan ionnsachadh agus nam beatha làitheil, agus cuideachd ann an ullachadh airson saoghal na h-obrach. Mar eisimpleir:

- Dè an ìre gu bheil iad a' sealltainn tuigse mu fhèin-iomhaigh chultarach?
- A bheil iad a' nochdadh tuigse air buaidh nan ealan chruthachail air an ùidh a bhios aig daoine anns na h-ealain agus an tlachd a gheibh iad asta fad am beatha?

Is urrainn dhan chloinn agus daoine òga sealltainn an adhartais a tha iad a' dèanamh ann an sgilean, eòlas agus tuigse tro mar a tha iad a' toirt an sgilean practaigeach air adhart, agus a' cur an cèill bun-bheachdan agus smuaintean nach eil cho simplidh. Mar eisimpleir, bidh iad:

- a' cur an sgilean cruthachail an sàs airson pìosan obrach nach eil cho simplidh a dhealbh agus a thaisbeanadh agus airson comas cruthachaidh agus sgil aithneachadh ann an obair dhaoine eile
- a' sealltainn gu bheil an sgilean agus misneachd a' fàs tro thaisbeanaidhean agus tachartasan ealain, agus tro bhith a' sealltainn tuigse mun dòigh a tha na h-ealain chruthachail a' buntainn ris an t-saoghal fharsaing agus diofar chultaran
- a' sealltainn tlachd anns na h-ealain chruthachail, mar eisimpleir tro mheasadh cuideachail air an obair fhèin agus air obair dhaoine eile agus a' toirt comhairle air mar a dh'fhaodar a dhèanamh nas fheàrr.

Bu chòir do mheasadh a bhith cuideachd a' dèanamh ceangal ri roinnean eile den churraicealam taobh a-staigh agus taobh a-muigh an t-seòmair-teagaisg, mar eisimpleir le bhith a' toirt chothroman dhan chloinn agus do dhaoine òga a bhith a' fàs mothachail air a' phàirt a tha aig companaidhean ealain phroifeiseanta agus buidhnean cultarach ann am beatha an t-sluaigh agus anns an eaconamaidh.

Ciamar a tha na h-ealain chruthachail co-cheangailte ri roinnean eile den churraicealam?

Tha ionnsachadh anns na h-ealain chruthachail a' toirt chothroman beairteach agus brosnachail airson obair eadar-chuspaireil thar ealain agus dealbhadh, dannsa, dràma agus ceòl agus roinnean eile den churraicealam. Am measg eisimpleirean iomchaidh air a seo, tha cothroman airson co-obrachadh le teicneòlasan a tha rim faighinn ann an sgrùdadh dealbhaidh ann am measgachadh de cho-theacsan. Leis mar a tha com-pàirt ann an gnìomhan dannsa a' cur ri fallaineachd chloinne agus dhaoine òga, faodaidh eòlasan agus builean ann an dannsa a bhith air an co-cheangal gu furasta ri foghlam corporra. Tha meadhanan nan ìomhaigh ghluasadach a' toirt chothroman airson dannsa, dràma, ceòl, ealain agus dealbhadh a sgrùdadh, an taobh a-staigh meadhan aithriseach eile, agus cothrom cuideachd na h-ealain chruthachail thraidiseanta sin a tharraing còmhla ann a bhith a' dèanamh fhilmean.

Bidh clann agus daoine òga a' leasachadh, ag àrdachadh agus a' cur gu feum sgilean a dh'ionnsaich iad tro na h-ealain chruthachail ann an raon farsaing de dh'obair. Bidh sin a' gabhail a-steach cleasachd, gabhail pàirt ann an tachartasan dhan sgoil gu lèir, tachartasan coimhearsnachd agus ionnsachadh a-muigh. Tha gnìomhan mar sin a' toirt air adhart sgilean co-cheangailte ri bhith ag obair còmhla ri daoine eile, agus a' cur gu mòr ri sunnd inntinneil, fhaireachail, shòisealta agus chorporra chloinne agus dhaoine òga.

Ciamar a tha na h-ealain chruthachail a' toirt tuigse agus eòlas do chlann agus do dhaoine òga mu dhualchasan cultair sònraichte na h-Alba?

Tha ionnsachadh anns na h-ealain chruthachail a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh gu bhith a' toirt air adhart an eòlais, an tuigse agus an ùidh ann an ealain an latha an-diugh, agus ron a seo, nan coimhearsnachdan fhèin ann an Alba agus ann an àitichean eile. Bidh clann agus daoine òga a' gabhail tlachd ann an cothroman lìonmhor agus measgaichte airson cur ri, beachdachadh air, agus pàirt a ghabhail anns na h-ealain nan cultar fhèin agus ann an cultaran eile.

Dè cho cudromach 's a tha brosnachadh agus tlachd?

'S e aon de na prìomh adhbharan airson ionnsachadh anns na h-ealain chruthachail a bhith a' cruthachadh ùidh fad-beatha ann a bhith a' gabhail pàirt anns na h-ealain chruthachail agus ann an obair chultarach. Mar sin, tha am frèam a' gabhail a-steach, chan e a-mhàin aithrisean air na builean ionnsachaidh a tha san amharc, ach aithrisean air eòlasan a bhios a' toirt seachad chothroman airson brosnachadh agus tlachd.

Bidh breithneachadh air ionnsachadh stèidhichte air fianais a bhios air a thoirt à raon fharsaing de àitichean agus de ghnìomhan agus a' tarraing air adhartas an neach-ionnsachaidh thar ùine. Bidh eòlasan ionnsachaidh aig ìre àrd a' toirt brosnachadh agus tlachd a chuireas spionnadh agus taic ri ionnsachadh èifeachdach.

Ciamar a chuireas na h-ealain chruthachail ris a' churraicealam san t-seadh as fharsaing?

Le bhith a' dol an sàs anns na h-ealain chruthachail, is urrainn dhan chloinn agus do dhaoine òga uile iad fhèin a chur an cèill ann an dòighean a tha ùr agus brosnachail, agus tlachd is ùrachadh fhaighinn à sin nam beatha.

Tha am frèam a' gabhail ris gum bi mòran chloinne agus dhaoine òga a' dol an sàs anns na h-ealain chruthachail tro ghnìomhan a bha air am faicinn aig aon àm mar ghnìomhan taobh a-muigh na sgoile, agus gun urrainn, agus gum bu chòir, pàirt cudromach a bhith aig na h-ealain chruthachail ann am beatha na sgoile no san ionad tràth-bhliadhnaichean. Tha na h-eòlasan agus builean a' buntainn ri gach roinn de bhith a' gabhail pàirt anns na h-ealain chruthachail.